



TIOTAL-OBACH	Neach-taic a chidsin
ROINN	Aoigheachd
AIR A STIÙIREADH LE	Am Prìomh Chòcaire
A' TOIRT STIÙIRIDH DHA	-
SGÈILE TUARASTAIL	£8.75 san uair
ÀITE-OBACH	Sabhal Mòr Ostaig

Amas na dreuchd

A bhith a' cuideachadh gus goireasan a' chidsin agus an talla-bìdh a chumail mar bu chòir agus a' toirt seachad seirbhis mhath dhan luchd-ceannaich. A bhith a' cur ri àrainneachd Ghàidhlig na colaiste tro bhith ag ionnsachadh no a' leasachadh sgilean cànan.

Prìomh Dhleastanasan

Ullachadh bìdh

- ullachadh bìdh is deoch fo stiùireadh a' Phrìomh Chòcaire no an Iar-Chòcaire agus a' cumail ri laghannan slàinte bìdh
- ullachadh bìdh is deoch airson oileanaich làn-ùine, luchd-obrach, chùrsaichean goirid agus msaa.

Sàbhailteachd bìdh

- dèanamh cinnteach gun tèid riaghailtean Cooksafe a leantainn
- dèanamh cinnteach gun tèid innealan sam bith a thathar a' cleachdadh anns a' chidsin is san t-seòmair-bìdh a ghlanadh agus a chumail mar bu chòir
- Stòir: dèanamh cinnteach gu bheil na stòir glan agus sgiobalta; a' lionadh sgeilpichean nuair a gheibhear stuth ùr agus a' cur an stuth as ùire air a chùl
- cosg is a' cleachdadh èididh is uidheam dìona a gheibhear bho SMO mar a bhios iomchaidh
- cumail ri ìrean àrda de ghlainead pearsanta agus san àite-obrach

Cùram luchd-ceannaich

- dèiligeadh ri luchd ceannaich gu dòigheil

Trèanadh

- frithealadh clasaichean Gàidhlig agus/no cùrsaichean goirid aig a' Cholaiste mar a bhios iomchaidh (mar phàirt den latha-obrach Diluain gu Dihaoine)
 - dh'fhaodadh e a bhith nach biodh clasaichean ann do luchd-obrach air cùmhnant goirid
- dol gu cùrsaichean trèanaidh mar a bhios iomchaidh

Poileasaidh na Colaiste

- tuigsinn is gabhail ri poileasaidhean na Colaiste

Tha Sabhal Mòr Ostaig na pàirt dhen Sgeama-fastaidh Cothroman-co-ionannachd



- toirt na h-obrach gu buil ann an dòigh shàbhailte a’ toirt an aire do shlàinte is sàbhailteachd agad fhèin, nan aoighean, an luchd-obrach, nan oileanach agus dhaoine eile air àrainn SMO

Eile

- coileanadh dhleastanasan mar a thèid iarraidh leis a’ Phrìomh Chòcaire no Iar-Chòcaire
- ag innse don Phrìomh Chòcaire no Iar-Chòcaire ma thèid sìon a bhriseadh, a ghoid, a chall, a lorg no ma nochdas cunnart sam bith
- gabhail ri dleastanasan iomchaidh eile mar a dh’iarras luchd-stiùiridh Sabhal Mòr Ostaig

Is e seo tuairisgeul na dreuchd mar a tha e an-dràsta. Tha e àbhaisteach a bhith a’ toirt sùil gheàrr air tuairisgeulan-obrach bho àm gu àm airson a bhith cinnteach gu bheil iad freagarrach airson na dreuchd agus a bhith a’ cur an cèill atharrachaidhean reusanta mar a thèid a mholadh. `S e an neach-obrach agus am manaidsear-loidhne a bhios an sàs ann an seo agus bithear an dùil gun gabh an neach-obrach pàirt sa phròiseas. `S e miann Sabhal Mòr Ostaig aontachadh a ruigsinn air atharraichean reusanta ach mura gabh seo dèanamh faodaidh Sabhal Mòr Ostaig fhathast atharraichean reusanta a dhèanamh air an tuairisgeul-obrach a tha freagarrach dhan ìre tuarastail as dèidh conaltradh ris an neach-obrach.

Ceann-latha: An Giblean 2018

Sgilean Pearsanta

Sgilean riatanach

- comasach air obrachadh air do cheann fhèin
- comasach air obrachadh ann an sgioba
- deagh sgilean conaltraidh
- comasach air cumail ri cinn-latha
- comasach air iomadh dleastanas a thoirt gu buil aig an aon àm
- deagh sheirbheis do luchd-cleachdaidh

Sgilean mionnaichte

- Gàidhlig
- eòlas air obair-cidsin agad mu thràth
- teisteanas “Food Hygiene”

Ùine pròbhaidh: 3 mìosan **Ùine rabhaidh:** 1 mhìos

Tha Sabhal Mòr Ostaig na pàirt dhen Sgeama-fastaidh Cothroman-co-ionannachd



Fios a bharrachd

Uairean gach seachdain

35 uairean gach seachdain, ag obair 5 làithean a-mach à 7 a' gabhail a-steach an deireadh-seachdain. Dh'fhaodadh e bhith gum bi barrachd uairean ri fhaighinn tron t-seachdain air neo ma tha cuideigin eile dheth tinn no air saor-làithean.

Saor-làithean

Gheibhear 35 saor-làithean agus tha sin a' gabhail a-steach saor-làithean poblach (bidh 10/12 làithean dhiubh aig àm na Nollaig is na Bliadhn' Ùr).

Sgèile tuarastail

£8.75 san uair

Thèid an tuarastal a phàigheadh gu cùnntas-banca ainmichte air an latha-obrach mu dheireadh de gach mìos.

Gheibh a h-uile neach-obrach measadh bliadhnail le neach-stiùiridh gus luchd-obrach a chuideachadh cumail ri ìre àrd de sheirbheis, an aire a thoirt air feumalachdan trèanaidh agus a' toirt taic do leasachadh pearsanta gach neach-obrach.

Tha Sabhal Mòr Ostaig ag amas air làn-thaic a thoirt dhut ann a bhith ag ionnsachadh agus a' leasachadh do chuid Gàidhlig agus tha farsaingeachd de chothroman ionnsachaidh ann.

Fiosrachadh mun a' Cholaiste:

'S e colaiste foghlaim adhartach agus aig àrd ìre a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig. Tha e a' gabhail a-steach rumannan-teagaisg, oifisean agus àiteachan-fuirich.

Tha mu 70 oileanaich is 60 neach-obrach air àrainn na Colaiste. Rè na bliadhna bidh iomadh tachartas ann a leithid co-labhairtean, bainnean agus cùrsaichean goirid a mhaireas fad seachdain. Tha a' cholaiste cuideachd a' cur fàilte air mòran dhaoine cudromaich is ainmeil.

Tha Sabhal Mòr Ostaig na phàirt dhen Sgeama-fastaidh Cothroman-co-ionannachd.

Feumaidh an neach-iarrtais soirbheachail a' dol tro sgeama disclosure Scotland agus teisteanasan a thoirt seachad.

Tha sgeama-pheirsean na colaiste fosgailte dhan a h-uile neach-obrach.

Ceann-latha mu dheireadh airson iarrtasan – Dihaoine 4 An Cèitean 2018

Iarrtasan:

An cuir sibh ur n-iarrtas deiseil gu:

An Roinn Sgiobachd

Sabhal Mòr Ostaig

Teangue

An t-Eilean Sgitheanach

IV44 8QR

Tha Sabhal Mòr Ostaig na pàirt dhen Sgeama-fastaidh Cothroman-co-ionannachd



No ann am post-dealain gu: obair@smo.uhi.ac.uk

Latha mu dheireadh airson iarrtasan: Dihaoine 06.05.16

'S e àrainneachd ionnsachaidh àraid a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig agus e an aon àite san t-saoghal far a bheil foghlam àrd-ìre air a thoirt seachad agus a' cholaiste air a ruith tro mheadhan Gàidhlig na h-Alba. Tha Sabhal Mòr Ostaig suidhichte ann an àite air leth àlainn air an rubha Shlèite air an Eilean Sgitheanach.

Amas na Colaiste

Tha Sabhal Mòr Ostaig airson a bhith na ionad shàr-mhathais airson leasachaidhean na Gàidhlig agus dualchas nan Gàidheal le bhith a' tairgsinn foghlaim aig ìre àrd, trèanaidh agus cothroman rannsachaidh tro mheadhan na Gàidhlig; agus a' cur ri leasachadh sòisealta, dualchasach agus eacanomaigeach le bhith a' dol an sàs ann an dòighean ùra còmhla ri daoine, coimhearsnachdan agus gnìomhachasan.

Cùl-fhiosrachadh mun a' Cholaiste

Stèidhichte ann an 1973, tha sàr-chliù aig a' Cholaiste gu eadar-nàiseanta airson a bhith na h-ionad airson cànan agus cultar nan Gàidheal. Ged as e colaiste bheag spèisealta a th' innte, tha Sabhal Mòr Ostaig a' toirt seachad foghlaim luachmhoir, an dà chuid adhartach àrd-ìre, cho math ri cothroman rannsachaidh. Tha a' Cholaiste mothachail air dè cho cudromach 's a tha e bunait làidir a chumail airson a' chànan, nan ealan is a' chultair Ghàidhlig air fad agus tha i an sàs ann an iomadh pròiseact as leth sin.

'S e colaiste ùr-ghnàthach a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig agus tha e na chom-pàiriche de OGE. Tha goireasan ionnsachaidh air leth aig a' cholaiste, nam measg cruinneachadh leabhraichean ionmholta, àiteachan-fuirich agus goireasan cùraim-chloinne tro mheadhan na Gàidhlig air an làrach.

Tha Sabhal Mòr Ostaig na Colaiste ùr-ghnàthaichte na pàirt de Ionad na mìle bliadhna OGE. The deagh ghoireasan-ionnsachaidh aig a' cholaiste, a' gabhail a-steach cruinneachaidh ainmeil leabhraichean ann an Leabharlann na Colaiste, àite-fuirich air an làraich agus ionad cùram-cloinne tro mheadhan na Gàidhlig.

An-dràsta tha mu 100 oileanach againn a' dèanamh chùrsaichean làn-ùine, mu 300 chùrsaichean air-astar agus bidh suas ri 900er a' clàradh airson chùrsaichean goirid gach bliadhna. Tha measgachadh oileanach aig a' cholaiste, le farsaingeachd aoisean is nàiseantachd. Ged a thig a' mhòr-chuid de na h-oileanaich againn bho taobh a-staigh Alba agus an RA, tha Sabhal Mòr Ostaig air fàilte a thoirt do dh'oileanaich bho a leithid Amaireaga a Tuath, Tìr-mòr na Roinn Eòrpa agus Àisia. Tha ar luchd-ceumnachaidh air dol air adhart gu obraichean Gàidhlig ann am mòran seòrsaichean de ghnìomhachasan, a' cleachdadh nan sgilean aca gus an cànan a chumail an àrd agus a leasachadh.

Na àite ionnsachaidh beothail, tha Sabhal Mòr Ostaig ag amas air cur ri coimhearsnachd Ghàidhlig soirbheachail is misneachail. Tha fàilte chridheil air a h-uile duine.

Tha Sabhal Mòr Ostaig na pàirt dhen Sgeama-fastaidh Cothroman-co-ionannachd